



Fraoch




Narinder Dhami • Jamie Smith

Fraoch



An teaca Narinder Dhani
Na dealbhan Jamie Smith
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e càraid a bha ann an Seasaidh agus Iain.
Latha bha siud chaidh iad a shealltainn
air Granaidh.
Bha iad a' cluich le Fraoch, cù Granaidh,
sa ghàrradh.
"Siuthad leum, Fraoch! Leum!" ars Iain.
"B' fheàrr leam gun robh cù againne,"
arsa Seasaidh.



Air an rathad dhachaigh thuirte Iain,
"Am faod sinn cù fhaighinn?"
"Chan fhaod," arsa Mamaidh. "Tha mise ro
thrang airson coimhead às dèidh cù."
"Choimheadainn fhèin agus Iain às a
dhèidh," arsa Seasaidh.



“Dè thachradh dha Mogaidh?” arsa Mamaidh.

“Cha chòrdadh cù ris-san.”

“Is toil le Mogaidh coin,” ars Iain.

“Och, a Mhamaidh, carson nach fhaod sin cù fhaighinn?”

Cha tuirt Mamaidh ach, “Chan fhaod.”

Bha Iain agus Seasaidh glè bhrònach.



Aon latha thàinig Granaidh a shealltainn air Iain agus Seasaidh.

“Tha mise a’ dol a choimhead air mo charaid,” arsa Granaidh.

“Bidh mi air falbh fad seachdain agus chan urrainn dhomh Fraoch a thoirt leam. An coimhead sibhse às a dhèidh an seo?”



“O, a Mhamaidh, nach fhaod sinn?” ars Iain agus Seasaidh.

“Faodaidh,” arsa Mamaidh. “Ach feumaidh sibh fhèin coimhead às a dhèidh.”

“Tapadh leibh, a Mhamaidh!” ars Iain agus Seasaidh, agus thug iad pòg an urra dha Mamaidh.



Nuair a dh’fhalbh Granaidh thuirte Iain,
“Nach toir sinn Fraoch a-mach cuairt an-dràsta fhèin?”

“Nis mus fhalbh sibh, cuiribh iall air,” arsa Mamaidh.

Chuir Seasaidh agus Iain iall air Fraoch agus dh’fhalbh iad cuairt leis dhan phàirc.



Thug iad leotha bàlla agus thilg iad e
gus an ruitheadh Fraoch às a dhèidh.
An uair sin thilg iad e dhan
adhar gus an leumadh e suas
ga ghlacadh.



Nuair a bha iad sgìth de ruith agus de leum
thug iad Fraoch dhachaigh agus nigh iad e.



An uair sin thug iad biadh dha.



An ath latha, thàinig Mamaidh le Fraoch nuair a bha Iain a' cluich geama.

“Iain,” thuir i, “tha Fraoch airson a dhol a-mach cuairt.”

Ach cha robh Iain airson a dhol a-mach oir bha an latha cho fuar.

“Faodaidh Seasaidh a thoirt a-mach an-diugh,” thuir Iain.



Bha Seasaidh a' leughadh comaig nuair a chaidh Mamaidh a-null thuice.

“A Sheasaidh,” arsa Mamaidh, “tha Fraoch airson a dhol a-mach cuairt.”

“Faodaidh Iain a thoirt a-mach an-diugh,” arsa Seasaidh.

Mar sin b' fheudar dha
Mamaidh falbh a-mach
cuairt le Fraoch agus cha
robh i idir air a dòigh.



Nuair a thill iad dhachaigh on chuairt
bha Fraoch ag iarraidh biadh.
“A Sheasaidh! Iain!” dh’èigh Mamaidh.
“An toir sibh biadh dha Fraoch?”
Ach cha tàinig Seasaidh no Iain
oir bha iad a’ dèanamh rudeigin eile.



Bha Mamaidh feargach.

“Thuirt sibhse gun toireadh sibh an aire air Fraoch ach cha do rinn sibh sin,”

thuirt i. “Ma tha cù agaibh feumaidh sibh coimhead às a dhèidh.”

Bha Seasaidh agus Iain duilich nach deach iad a chuideachadh Mamaidh.

“Coimheadaidh sinn às dèidh Fraoch a-nis,” thuirt iad.



A h-uile latha às dèidh sin thug Seasaidh agus Iain Fraoch a-mach cuairt.



Thug iad tòrr bìdh dha.

An uair sin nigh iad e gus am biodh e brèagha nuair a thilleadh Granaidh.





Nuair a thill Granaidh a dh'iarraidh Fraoch dh'fhaighnich i, "An do choimhead Seasaidh agus Iain às dèidh Fraoch gu math?"

"Choimhead," arsa Mamaidh, "bha iad uabhasach math air cuideachadh. Thug iad e a-mach air cuairtean agus thug iad biadh dha."

"Carson nach fhaigh sinn fhèin cù ma-thà?" arsa Iain agus Seasaidh.

"Chì sinn," arsa Mamaidh.

"Chan eil càil a dh'fhios!"

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Narinder Dhami 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Narinder Dhami a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a combharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 627 9